

Cho Buidhe Is A Bha I Riabh

Runrig

Tha an rathad a'ruith gu tuath
Gleanntan sgapte air gach taobh
A' ghrian tro ghiuthas nam mor shliabh
Saighdean oir dhar leon an agh
Thuirt m'anam rium "Nach teid thu null
Cuir eallach's cruaidh-chas air do chul
'S gun cuir an t-aite seallach failte oirnn
Is bi mi comhla riut an drast"
Sunndach a tha mi
Tron oighreachd bhoidheach, bhoidheach bhuan
Bha thu daonnan na mo smuaint
Tro laithean iseal's bristeadh-cridh'
Tog orm mo chiall, tog orm mo bhith
Le cridhe aotrom, cridheil ciuin
A' liuthad cuan a ghiulan do dhaoine
Is iad a' triall na slighe bhuat
'S ged tha an saoghal dol bun os cionn
Is astar bhliadhnachan tighinn oirnn
'S ged tha mo dhuil ag eirigh suas
Is iomadh sgurr a bhios fo sgleo
Tha na siantan liath, 's na siantan blath
Le blaths cho diamhair is nach gabh e inns'
'S tha'n lus tha fas air croit Dhomhnaill Bhain
Cho buidhe'n diugh's a bha i riamh.